

OBAR DHEATHAIN 2040

Fosgailte do na h-uile agus dìcheallach a thaobh
sireadh fìrinn ann an seirbheis chàich

1495
 UNIVERSITY OF
ABERDEEN
OILTHIGH OBAR DHEATHAIN

A'COMHARRACHADH
525 BLIADHNAICHEAN
1495 – 2020





Tha an ro-innleachd àrd-amasach ùr againn na clàr den t-slighe air adhart airson Oilthigh Obar Dheathain thairis air an ath 20 bliadhna. Tha fòcas againn air trì tèaman ro-innleachdail, a tha a' mìneachadh an t-seòrsa Oilthigh a tha sinn ag iarraidh a bhith: **In-ghabhalach, eadar-nàiseanta, eadar-chuspaireil agus seasmhach.**

Tha luchd-obrach agus oileanaich air obrachadh còmhla agus coincheapan agus gnìomhan tionnsgalach a chomharrachadh a bhios air cùl an t-soirbheis againn san àm ri teachd. Tha an ro-innleachd seo cuideachd a' freagairt còig dùbhlain eadar-chuspaireil. Is iad sin na raointean obrach anns an urrainn dhan Oilthigh againn buaidh nach beag a thoirt air an t-saoghal timcheall oirnn:

- **slàinte, beathachadh agus sunnd**
- **in-ghabhail sòisealta agus iomadachd chultarach**
- **eadar-ghluasad lùtha**

- **dàta is inntinn fuadain**
- **àrainneachd agus bith-iomadachd.**

Tha for-ruigheachd agus tarraing eadar-nàiseanta an Oilthigh a' sior fhàs. Tha sinn dealasach cuideachd a thaobh a bhith a' cumail taic ris an sgìre agus ris an nàisean againn gus an soirbhich leotha. Anns na bliadhnachan ri teachd, bidh sinn sùbailte agus freagairteach a thaobh atharrachaidhean san t-saoghal mun cuairt oirnn, gus dèanamh cinnteach gun libhrig sinn an ìre as àirde de theagasg agus de rannsachadh, agus gun cùm sinn oirnn a' coileanadh ar n-adhbhar stèidheachaidh.

Cecilia Wallbäck
Ceann-suidhe nan
Oileanach

**An t-Àrd-ollamh
George Boyne**
Prionnsabal is
Iar-sheansalair

Esther Robertson
Àrd-riaghladair

Ar n-Adhbhar

Bho 1495, tha Oilthigh Obar Dheathain air a bhith **fosgailte do na h-uile agus dìcheallach a thaobh sireadh firinn ann an seirbheis chàich**. Tha an t-adhbhar sin againn fhathast. Tha e mar bhunait do na gnìomhan agus dhan fheallsanachd againn. Bidh sinn a' coileanadh an adhbhair againn tro shàr-mhathas anns na prìomh gnìomhan againn: foghlam agus rannsachadh, a bhios a' toirt cruth-atharrachadh air an t-saoghal mun cuairt oirnn.

Is sinn an còigeamh oilthigh as sine ann an saoghal na Beurla. Air a stèidheachadh airson ear-thuath na h-Alba, tha an t-Oilthigh againn cudromach gu h-eadar-nàiseanta ann am foghlam àrd-ìre. Tha am fòcas againn an dà chuid air an sgìre againn agus air an t-saoghal mhòr a cheart cho cudromach dhuinn an-diugh 's a bha e bho chionn còig ceud bliadhna. Bidh sinn a' cur fàilte air daoine le spèis, agus obraichidh sinn còmhla riutha le earbsa. Tha sinn a' cur luach ann an saorsa smaoinichidh agus ionracas gnìomh.

Tha an t-adhbhar stèidheachaidh againn aig cridhe na h-obrach againn fhathast. Tha sinn fosgailte do na h-uile, gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta, agus tha an tòir againn air firinn air a chumadh leis an rùn againn a bhith a' toirt seachad seirbheis do chàch.

Dè tha seo a' ciallachadh dhuinn san àm ri teachd?

Am foghlam againn

Tha curraicealaim air leth agus sùbailte aig Oilthigh Obar Dheathain a tha a' brosnachadh oileanaich airson a bhith a' fàs mar luchd-ionnsachaidh neo-eisimeileach. Mar a bhiodh dùil bho sheann oilthigh Albannach, tha an dà chuid farsaingeachd agus doimhneachd anns na prògraman ceuma againn, a tha a' faighinn an cuid neart bho chàileachd an rannsachaidh againn. Tha sinn a' creidsinn gu bheil rannsachadh agus teagasg dlùth-cheangailte, agus cruthaichidh sin slighean eadar-chuspaireil ùra airson ionnsachadh agus sinn a' cur aghaidh air dùbhlain eadar-nàiseanta. Obraichidh oileanaich agus Comann nan Oileanach còmhla ri luchd-obrach gus dèanamh cinnteach gum bi an curraicealaim agus saoghal nan oileanach am measg na cuid as fheàrr san t-saoghal.

Ullaichidh sinn na ceumnaichean againn gus soirbheachadh ann an àiteachan-obrach eadar-mheasgte san àm ri teachd tro bhith ag obair le alumni agus le com-pàirtichean taobh a-muigh. Cruthaichidh sinn barrachd teagaisg stèidhichte air dùbhlain, a tha a' toirt cothrom do sgoilearan a bhith ag ionnsachadh tro bhith a' fuasgladh dhùbhlain san fhìor-shaoghal. Bheir sinn seachad barrachd ionnsachadh stèidhichte air obair tro ghreisean gnìomhachais agus obair shaor-thoileach.

Cleachdaidh sinn teicneolas didseatach gu tionnsgalach gus ionnsachadh a bhrosnachadh agus gus am bi sgilean didseatach aig na ceumnaichean againn. Brosnaichidh sinn an leasachadh innleachdail aca, a' gabhail a-steach smaoineachadh cruthachail, ùr-ghnàthachas agus tionnsgalachd. Bidh na h-oileanaich againn a' fàs ann am misneachd agus tuigse, gus an urrainn dhaibh atharrachadh adhbharachadh air feadh na cruinne.

Tha ar cuid foghlaim fosgailte do na h-uile. Cruthaichidh sinn àrainneachd anns am bi cothrom aig gach oileanach air soirbheachas, ge b' e dè na eachdraidh no dè na feartan pearsanta a th' aca. Cumaidh sinn taic ris na h-oileanaich againn tro obair-sgioba èifeachdach tron oilthigh air fad. Suidhichidh sinn targaidean àrd-amasach airson ruigsinneachd a leudachadh, ag obair leis na com-pàirtichean foghlaim againn gus taic a chumail ri àrd-amasachd is coileanadh. Leudaichidh sinn ionnsachadh air iarrtas agus leasachadh proifeiseanta leantainneach. Bidh ar cuid foghlaim ri fhaighinn do dhaoine ge b' e càite a bheil iad airson ionnsachadh còmhla rinn, agus aig ìre sam bith sa bheatha obrach aca.





An rannsachadh againn

Tro na linntean, tha luchd-rannsachaidh ann an Oilthigh Obar Dheathain air seallaidhean ùra a chruthachadh ann an leigheas, saidheans agus innleadaireachd, lagh, saidheansan sòisealta, na h-ealain agus na daonnachdan. Tha an obair againn air grunn duaisean a bhuannachadh agus tha e air cur ri trì duaisean Nobel.

Coltach ris an fhoghlam againn, bidh an rannsachadh againn làidir gu h-innleachdail. Ge b' e a bheil sinn ag obair taobh a-staigh nan raointean sàr-mhathais stèidhichte againn, no a' cruthachadh dòighean-obrach eadar-chuspaireil a chruthaicheas dòighean sgrùdaidh ùra, cuiridh sinn aghaidh air duilgheadasan teòiridheach agus practaigeach. Togaidh sinn eòlas ùr agus bidh sinn a' ceangal agus a' cur còmhla beachdan, a' cur aghaidh air cùisean eaconamach agus sòisealta le àrd-amasachd agus mac-meanmna.

Bidh an rannsachadh againn sàr-mhath aig ìre na cruinne agus buntainneach gu h-ionadail. Gus dèanamh cinnteach gun tachair seo, obraichidh sinn leis na com-pàirtichean againn air an taobh a-muigh fhad 's a bhios sinn a' planadh airson an àm ri teachd agus co-obraichidh sinn còmhla riutha an dà chuid air agus far àrainn an oilthighe. Bidh an rannsachadh againn fosgailte do na h-uile. Obraichidh sinn gus na toraidhean rannsachaidh againn a sgaoileadh agus gus ruigsinneachd fhosgailte a bhrosnachadh do ghoireasan acadaimigeach do dhuine sam bith a tha airson ionnsachadh. Bheir an rannsachadh againn buaidh air an t-saoghal againn, agus bheir e buaidh air a' churraicealaim againn, a' toirt buaidh air dè bhios sinn a' teagasg agus ciamar. Bheir sinn trèanadh is taic dhan ath-ghinealach de luchd-rannsachaidh, a' toirt dhaibh nan sgilean a tha a dhith orra gus an cuid eòlais a thoirt air adhart agus gus aghaidh a chur air dùbhlain san àm ri teachd.



Tèaman ro-innleachdail

Thairis air an ath 20 bliadhna, bheir ceithir tèaman buaidh air ar cuid ionnsachaidh, ùr-ghnàthachas agus obair ro-innleachdail:

In-ghabhalach

Cuiridh sinn fàilte air, agus bheir sinn taic do dh'oileanaich, luchd-obrach agus com-pàirtichean bho gach suidheachadh, buidheann agus coimhearsnachd. Tha sinn a' cur suim ann an iomadachd.

Eadar-nàiseanta

Bidh sinn a' dèanamh ceangal le daoine eile, agus a' leudachadh nan lionraidhean agus com-pàirteachasan againn air feadh an t-saoghail. Smaoinichidh sinn thairis air crìochan.

Eadar-chuspaireil


Tha sinn ùr-ghnàthach ann am foghlam agus rannsachadh le bhith a' cruthachadh, a' co-roinn agus a' cur an gnìomh seòrsaichean ùra de dh'èòlas. Ionnsaichidh sinn còmhla:

Seasmhach

Tha sinn a' tuigsinn agus a' coimhead às dèidh na h-àrainneachd againn, agus a' coimhead às dèidh nan daoine is nan goireasan againn. Bidh sinn ag obair gu h-earbsach.

Annas na duilleagan seo, tha sinn a' cur an cèill 20 gealltanasan thairis air na còig tèaman seo. Cuiridh sinn aghaidh air na trì dùbhlain as motha nar linn. Aig àm nuair a tha an tionndadh didseatach a' toirt dhuinn cothroman ùra, agus a tha èiginn na gnàth-shìde na chunnart dhuinn uile, tha sinn a' gealltainn gun libhrig sinn foghlam agus rannsachadh air leth a bheir deagh bhuaidh air beatha nan oileanach againn, agus a chuireas aghaidh ri duilgheadasan mòra an t-saoghail againn.







In-ghabhalach

Tha sinn a' cur suim ann an iomadachd

Tha an t-oilthigh againn fosgailte do na h-uile. Cuiridh sinn fàilte air luchd-obrach agus oileanaich bho gach suidheachadh, agus nì sinn ceangal ris na coimhearsnachdan agus com-pàirtichean againn, gu h-ionadail, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta. Bidh ar dealas airson in-ghabhaltas a' stiùireadh ar cuid foghlaim is rannsachaidh, cho math ris na pròiseactan a bhios sinn a' libhrigeadh.

Tha sinn airson a bhith air thoiseach air càch san roinn againn a thaobh brosnachadh slàinte agus sunnd agus bhith a' comharrachadh iomadachd.

Tha an dòigh-obrach againn a' gabhail ri tar-chùiseachd. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil diofar fheartan aig gach duine againn

a tha a' tighinn còmhla mar ar cuid eòlais. Bheir sinn seachad taic aig àrd-ìre a bhios a rèir feumalachdan gach neach fa leth. Leasaichidh sinn na togalaichean agus na seirbheisean againn gu am bi iad nas ruigsinniche, agus bidh sinn a' sior leasachadh a' bhun-structair agus nan siostaman didseatach againn gus an urrainn dhan a h-uile duine a bhith ag ionnsachadh agus a' rannsachadh gu h-èifeachdach.

Coimheadaidh sinn a-mach cuideachd agus neartaichidh sinn na com-pàirteachasan le daoine fa leth, le coimhearsnachdan agus le buidhnean anns na roinnean poblach, priobhaideach agus saor-thoileach.

Nì sinn na leanas

1. coimheadaidh sinn às dèidh sunnd, slàinte agus sàbhailteachd na coimhearsnachd eadar-mheasgte againn, a' cumail taic ri, agus a' leasachadh nan daoine againn gus an làn chomas a choileanadh
2. broснаichidh sinn cothrom nas fharsainge air ionnsachadh, tro shlighean inntrigidh cothromach is sùbailte, a' toirt seachad theisteanasan eadar-mheasgte; thèid cumhachd a thoirt do na h-oileanaich againn gus soirbheachadh ge b' e de àn eachdraidh phearsanta is shòisealta a th' aca
3. cruthaichidh sinn portfolio rannsachaidh a bhrosnaicheas co-obrachadh nàiseanta is eadar-nàiseanta le luchd-ùidh, a' gabhail a-steach companaidhean, buidhnean agus riaghaltasan
4. bidh na h-ìrean as àirde de cho-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltas againn, a' faighinn barantachadh thar grunn diofar roinnean
5. a' cur às do bheàrnan-pàighidh thar nam feartan dìon



Eadar-chuspaireil

Ionnsaichidh sinn còmhla

Bidh an t-oilthigh againn na lionra beothail de dhaoine - oileanaich, luchd-obrach agus com-pàirtichean - a tha ag obair thairis air structaran air an taobh a-staigh agus thairis air crìochan cruinn-eòlach. Comharraichidh sinn na neartan againn a thaobh dhiosaplainean, agus co-obrachaidh sinn eadar raointean cuspair gus fuasglaidhean cruthachail a dhèanamh airson duilgheadasan practaigeach agus sòisealta.

Bidh an àrainneachd foghlaim agus rannsachaidh bheòthail againn nas motha na suim a cuid phàirtean. Le bhith a' co-roinneadh nan teòiridhean, coincheapan agus an eòlais againn, rannsaichidh sinn agus cruthaichidh sinn raointean eòlais ùra. Togaidh sinn co-obrachadh thairis air raointean teagaisg agus buidhnean rannsachaidh, agus cleachdaidh sinn dòighean agus teicneolasan a tha a' tighinn am bàrr gus ceistean ùra fhaighneachd agus gus nithean ùra a lorg.

Nì sinn na leanas

6. bheir sinn taic do chultar ionnsachaidh anns an urrainn dhan luchd-obrach agus do na h-oileanaich againn beachdan is eòlas a ch-roinn thairis air raointean inntleachdail agus structaran na buidhne
7. dealbhaidh sinn cùrsaichean agus prògraman ùra a bhrosnaicheas ionnsachadh eadar-chuspaireil, agus a nì cinnteach gum faigh na h-oileanaich againn eòlas air foghlam ùr-ghnàthach, stèidhichte air dùbhlain a tha a' gabhail a-steach luchd-ùidh bhon taobh a-muigh
8. togaidh sinn lìonraidhean air feadh na coimhearsnachd againn gus eadar-obrachadh eadar-chuspaireil a bhrosnachadh eadar na neartan againn a thaobh cuspairean rannsachaidh, a' cleachdadh agus a' co-roinn eòlas gus tuigse ùr a chur air adhart
9. èistidh sinn ri agus obraichaidh sinn còmhla ri luchd-ùidh air an taobh a-muigh gu h-ionadail agus air feadh na cruinne gus com-pàirteachasan a thogail a chruthaicheas fuasglaidhean mac-meanmnach do dhùbhlain shòisealta agus gnìomhachais
10. leasaichidh sinn na siostaman didseatach againn agus àrdaichidh sinn na togalaichean againn gus àiteachan bhiortail is fiosaigeach a chruthachadh a bheir cothrom air co-roinneadh agus ùr-ghnàthachadh eadar-chuspaireil

Na dùbhlain eadar-chuspaireil againn

Tha an tòir againn air firinn stèidhichte air seirbheis do chàch. Ag obair còmhla, cuiridh sinn aghaidh air na còig dùbhlain eadar-chuspaireil as motha nar linn. Feumaidh na duilgheadasan èiginneach agus farsaing sin fuasglaidhean iom-fhillte, a tha a' tarraing air an dà chuid eòlas teòiridheach agus gnìomhach.

Tha an t-eòlas againn gus aghaidh a chur air na dùbhlain seo, a tha cudromach dhan sgìre, chomann sòisealta agus dhan linn againn. Co-obrachidh sinn orra, a' cur bheachdan agus dòighean-obrach còmhla bho na raointean sàr-mhathais air fad againn. Bidh sinn a' coimhead air adhart fhad 's a tha sinn ag obair gus dùbhlain ùra a chomharrachadh airson an àm ri teachd.





Eadar-nàiseanta

Smaoinichidh sinn thairis air crìochan

Is e oilthigh Albannach a th' annainn a chaidh a stèidheachadh le ceanglaichean eadar-nàiseanta. Tha sinn fosgailte do dhaoine agus do bheachdan bho air feadh an t-saoghail. Bidh sinn a' cur fàilte air oileanaich agus air luchd-obrach bho air feadh an t-saoghail an dà chuid ann an Obar Dheathain agus ann an Catar. Tro obair ruigsinn agus tro cho-roinneadh bheachdan, bidh sinn a' teagasg agus a' rannsachadh thar chrìochan. Tha sinn am measg an fheadhainn as fheàrr a thaobh sealladh eadar-nàiseanta mar-thà. Cumaidh sinn oirnn le bhith a' leudachadh nan lionraidhean agus com-

pàirteachasan againn, agus bidh sinn a' sireadh chothroman ùra airson iomlaid eadar-nàiseanta agus eadar-chultarail.

Cuiridh sinn dòighean-obrach agus taic air dòigh gus am bi cothrom eadar-nàiseanta aig barrachd luchd-obrach agus oileanaich. Bidh sinn a' tabhann barrachd foghlaim tar-nàiseanta, a' cur an comas ionnsachadh air feadh na cruinne le prìomh chom-pàirtichean. Obraichidh sinn gun sgur ann an seirbheis dhaoine eile gus buaidh a thoirt gu h-eadar-nàiseanta tro bhith a' cur aghaidh air na dùbhlain a tha ron t-saoghal.

Nì sinn na leanas

11. bheir sinn seachad foghlam eadar-nàiseanta do luchd-ionnsachaidh bho air feadh an t-saoghail, agus sinne a' dol nar coimhearsnachd nas eadar-mheasgte agus ioma-chultarach
12. bheir sinn comasan do na ceumnaichean againn a tha a dhith orra airson obair air feadh an t-saoghail tron churraicealaim agus tro na dòighean teagaisg againn
13. nì sinn feum de na sgilean rannsachaidh againn gus com-pàirteachasan agus lionraidhean a chruthachadh air feadh an t-saoghail a bheir aghaidh air dùbhlain ar linn
14. nì sinn cinnteach gum bi cothrom eadar-nàiseanta aig na h-oileanaich uile againn, tro bhith ag ionnsachadh thall thairis no a bhith a' co-obrachadh le com-pàirtichean eadar-nàiseanta
15. leasaichidh sinn na h-àrainnean agus pròiseasan againn gus àrainneachd choibhneil a chruthachadh a tha mothachail air eadar-dhealachaidhean cultarach



Seasmhach

Bidh sinn ag obair gu ciallach

Nochdaidh sinn ceannas agus sinn ag obair airson seasmhachd ar planaid, agus bi sinn nar deagh eisimpleir dhan roinn againn agus dhan t-sòisealtas san fharsaingeachd. Nì sinn measadh air na gnìomhan uile againn a thaobh na buaidh a bhios aca air an àrainneachd agus coileanadh sinn na targaidean agus slatan-tomhais dùbhlach. Cleachdaidh sinn na stòrasan againn ann an dòigh ghlic, bidh sinn a' planadh airson an àm ri teachd agus a' lorg tobraichean teachd a-steach ùra gus dèanamh cinnteach gum bi an t-oilthigh seasmhach a thaobh ionmhais.

Bidh an rannsachadh againn na bhuannachd dhan t-saoghal againn, a' cur aghaidh ri Amasan Leasachadh Seasmhach nan Dùthchannan Aonaichte, èiginn na gnàth-shìde agus eadar-ghluasad lùtha gu eaconamaidh neoni carbon. Cuiridh sinn cuideachd ri soirbheas na sgìre againn agus ri beatha chatharra Obar Dheathain, agus sinn ag obair a chum math na sgìre, sgìre

a chaidh sinn a stèidheachadh gus frithealadh. Bidh sinn ag ullachadh nan oileanach againn airson a bhith nan saoranaich chiallach, air am brosnachadh gus fìor eadar-dhealachadh a dhèanamh tro na gnìomhan aca agus tron cheannas aca.

Gus an t-amas againn a choileanadh, feumaidh an t-oilthigh againn a bhith seasmhach a thaobh ionmhais. Thèid am foghlam agus rannsachadh againn a dhealbhadh gus am bi luach àrd aige. Bidh sinn a' sireadh tobraichean teachd a-steach ùra, a' cur ris an teagasg iar-cheumnach agus air-loidhne, agus a' tarraing maoineachadh rannsachaidh bho raon nas fharsainge de thobraichean. Glèidhidh sinn dualchas nan togalaichean againn, agus àrdaichidh sinn na h-àrainneachdan didseatach agus corporra againn gus seirbheis a thoirt do luchd-obrach agus oileanaich, agus gus cruthachalachd agus sàr-mhathas a bhrosnachadh.

Nì sinn na leanas

16. broснаichidh sinn a h-uile duine sa choimhearsnachd againn gus a bhith ag obair agus a' tighinn beò gu seasmhach, ag aithneachadh cho cudromach 's a tha an tìde, lùth agus ath-leumachd againn
17. bheir sinn oideachadh do na h-oileanaich agus luchd-obrach gu lèir againn gus a bhith nan ceannardan a thaobh dìon na h-àrainneachd
18. bidh sinn sàr-mhath ann an rannsachadh a chuireas aghaidh air suidheachadh èiginneach na gnàth-shìde, a chuireas ri comas eadar-ghluasad lùtha agus ri glèidheadh bith-iomadachd
19. ruigidh sinn neoni eimiseanan carboin ro 2040
20. togaidh sinn stòrasan airson tasgadh ann am foghlam agus rannsachadh bliadhna air bhliadhna, gus an urrainn dhuinn cumail oirnn le bhith a' leasachadh nan daoine, nam beachdan agus nan gnìomhan a chuidicheas sinn gus ar n-adhbhar a choileanadh

1495



OILTHIGH
OBAR DHEATHAIN

A'COMHARRACHADH
525 BLIADHNAICHEAN
1495 – 2020

University of Aberdeen
King's College
Aberdeen
AB24 3FX

This document is available online and in alternative formats.

Aberdeen2040@abdn.ac.uk
www.abdn.ac.uk/2040